

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

BÒRD NA GÀIDHLIG A' CUR FÀILTE AIR TUILLEADH TAIC SON FOGLAM GÀIDHLIG

Ri chleachdadadh bho seo a-mach – 15 Am Màrt 2011

Chuir Bòrd na Gàidhlig fàilte air na naidheachd a chaidh fhoillseachadh gu bheil Riaghaltas na h-Alba a' cur còrr is £1millean a-mach airson taic a chumail ri iarrtasan son foghlam Gàidhlig air feadh Alba.

Thuirt Fìona Hyslop BPA, am Ministear le uallach airson na Gàidhlig, gu bheil i air £976,000 a chomharrachadh uile gu lèir mar stòras leasachaидh bho Stòras Calpa nan Sgoiltean Gàidhlig.

Tha an taic airgid a' dol a leasachadh goireasan aig ceithir sgoiltean, agus ionad ùr a chruthachadh airson Gàidhlig ionnsachadh anns an Òban, an-lùib a' Churraicealaim son Sàrmhaiteis agus prìomhachasan an Riaghaltais airson na Gàidhlig.

Thuirt Cathraiche a' Bhùird Art MacCarmaig: "Tha Bòrd na Gàidhlig gu math cinnteach gu bheil iarrtas ann airson barrachd sgoiltean Gàidhlig, agus leis cho soirbheachail 'sa tha Glaschu agus Inbhir Nis air a bhith, chan eil teagamh nach eil feum air barrachd dhiubh ma tha sinn a' dol a chruthachadh ginealach ùr de luchd-labhairt na Gàidhlig. Tha sgoiltean Gàidhlig a' tairgse chothroman nas èifeachdaiche a bhith a' cur ri dòighean ionnsachaيدh agus briathrachas a thogail agus a' tabhann barrachd chothroman cleachdaidh. Bu mhath le Bòrd na Gàidhlig gum biodh barrachd ùghdarrasan ionadail air feadh Alba mothachail air an iarrtas a th' ann airson sgoiltean agus ionadan Gàidhlig agus gum biodh iad deònach an iarrtas sin a fhreagairt far a bheil pàrantan gan iarraidh.

"Chuir sinn romhainn mar Bhòrd gum biodh an taic a b'urrainn dhuinn a sgaoileadh a-rèir iarrtasan agus amasan a' Phlana-gníomh againn Ginealach Ùr na Gàidhlig, mu choinneimh fàs agus far an rachadh againn air cur ri na h-àireamhan de dhaoine a tha ag ionnsachadh agus a' cleachdadadh na Gàidhlig. Tha an taic a bharrachd seo bhon riaghaltas air leth feumail agus a' toirt misneachd dhan fheadhairn a tha an sàs ann an gnothaichean Gàidhlig anns na sgìrean a chaidh a chomharrachadh. Tha an àireamh chloinne a' dol tro fhoghla姆 Gàidhlig air a bhith a' sìor dhol am meud air feadh Alba le fàs sònraichte ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid, Dùn Èideann, Glaschu, air a' Ghàidhealtachd agus ann am Peairt is Ceann Rois. Tha e cudromach gun tèid againn air cùisean a dhèanamh cho tarraingeach sa ghabhas anns na sgoiltean Gàidhlig agus bidh an taic seo nis na mhisneachd mhòr do phàrantan agus dhan chloinn agus an cuid ghoireasan gan leasachadh mar a tha fàs a' tighinn."

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



A' chrioch

Fiosrachadh: Tha fiosrachadh bho rannsachadh air ìrean foghlaim chloinne a chaidh tro fhoghlam Gàidhlig ri fhaighinn bho:
<http://www.gaidhlig.org.uk/Downloads/Rannsachadh/CR09-05%20Taghadh%20agus%20Coileanadh%202010%20BnG%20Beurla.pdf>

Airson tuilleadh fiosrachaидh mun naidheachd seo, cuiribh fios gu Iain A MacAoidh, Ceannard, Bòrd na Gàidhlig, air 07500 089 661.

Foillsichte: Dimàirt, 15mh Màrt, 2011

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



BÒRD NA GÀIDHLIG WELCOMES ANNOUNCEMENT OF MORE SUPPORT FOR GAELIC EDUCATION

Use: available for use immediately – 15 March 2011

Bòrd na Gàidhlig has welcomed the commitment by the Scottish Government of more than £1million of additional support to developments in Gaelic education throughout Scotland.

Fiona Hyslop MSP, the Minister with responsibility for Gaelic, has confirmed that £976,000 has been committed to development from the Gaelic Schools Capital Fund.

The financial support will be used to improve facilities at four Gaelic schools, and to create a new Gaelic centre for learners in Oban, in line with Curriculum for Excellence development and the Scottish Government's priorities for Gaelic.

The Bòrd's Cathraiche (Chair) Arthur Cormack said: “Bòrd na Gàidhlig believes that there is a clear demand for more Gaelic education through Gaelic schools, and given the proven success of establishments such as Inverness and Glasgow, there is no doubt that we need to increase the number of schools if we are going to achieve our overall aim of growing the number of learners and speakers. Gaelic schools offer so much more by way of opportunities to learn and use the language and they are the best way to enable children to learn the language. Bòrd na Gàidhlig would like more local authorities to recognise the demand for an increase in Gaelic provision and that they should engage with parents to help meet their aspirations.

“The Bòrd currently distributes its own financial support in line with the aims and objectives of the operating plan Ginealach Ùr na Gàidhlig (A new generation of Gaelic speakers), targeting areas where growth is possible and where we can increase the number of people learning and using the language. This extra assistance from the Government is extremely helpful and will help build confidence amongst everyone working in Gaelic development in the areas which have been chosen. The numbers of children going through the Gaelic medium education system has grown steadily especially in Argyll, Edinburgh, Glasgow, in the Highland Council area, and in Perth and Kinross. It is vitally important that we make Gaelic education as attractive as possible for parents and children in the Gaelic school communities and this assistance will help promote our interests as we develop the facilities in line where demand is creating great expectations.”

Ends

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Further information:

Research into attainment levels of Gaelic-medium education pupils can be downloaded here:

<http://www.gaidhlig.org.uk/Downloads/Rannsachadh/CR09-05%20Taghadh%20agus%20Coileanadh%202010%20BnG%20Beurla.pdf>

For any further information on the contents of this News Release, please contact John Angus MacKay, Ceannard (CEO) Bòrd na Gàidhlig, on 07500 089 661

Issued: Tuesday, March 15, 2011